

Tha an lagh mu thabhartas bhall-bodhaige is mhaothran ag atharrachadh

**Bho 26 Màrt 2021, bidh
siostam taghaidh a-mach
ann an Alba.**

Tha tabhartas bhall-bodhaige is mhaothran na cho-dhùnadh pearsanta an-còmhnaidh agus tha roghainn agad. Mar sin, nach leugh thu an leabhran seo gu faiceallach. Tha e a' mìneachadh:

- Mar a tha an lagh ag atharrachadh
- Mar a tha an lagh a' bualadh ort fhèin
- Na roghainnean a tha agad
- Mar a chlàraicheas tu an co-dhùnadh agad mu thabhartas
- Na thachras nuair a thèid cuideigin na thabhartaiche.



**Healthier
Scotland**
Scottish
Government

NHS
SCOTLAND

Tha an lagh ag atharrachadh... ach tha roghainn agad fhathast

Bho **26 Màrt 2021**, bidh lagh ùr mu thabhartas bhall-bodhaige is mhaothran an sàs air feadh na h-Alba.

Tha an lagh ag atharrachadh gus siostam ùr 'ùghdarrachadh air a mheas a thoirt a-steach. Thathar a' gabhail siostam 'tagh a-mach' air seo gu tric. Tha sinn a' dèanamh seo gus beatha a shàbhaladh is a leasachadh. Cha bhi ach mu 1% de dhaoine a' bàsachadh ann an dòigh a chuireas tabhartas bhall-bodhaige air chomas, mar sin tha a h-uile cothrom airson tiodhlac glè phrìseil.

Tha an siostam ùr a' ciallachadh mas e nach eil thu air taghadh às nuair a dh'èugas tu, gu bheil an lagh a' ceadachadh tabhartas bhall-bodhaige is mhaothran sònraichte airson thar-phlanntachadh. Faodaidh tu barrachd a leughadh mu na thachras ma thèid thu nad thabhartaiche air duilleig 8.

Chan eil an lagh a' bualadh air cuid de bhuidhnean dhaoine (faic duilleag 3) no nam biodh tabhartas an aghaidh do bheachdan.

Ma tha thu deònach tabhartas a dhèanamh, faodaidh tu cur romhad fhathast an co-dhùnadh agad a bhith nad thabhartaiche a chlàradh gu gnìomhach. Le bhith a' dèanamh seo, faodaidh e a dhèanamh nas fhasa don teaghlach agus do na càirdean agad, agus cuideachadh gus dearbhadh gun tèid an co-dhùnadh agad a choileanadh.

Cha bhi siostam taghaidh a-mach an sàs a' bualadh ach air na pàirtean den bhodhaig a thathar ag ath-chur gu cumanta mar na dubhagan, an cridhe, na sgamhanan, an grùthan agus na fèithean-lùthaidh.

Thèid comhairle a chur ris an teaghlach agus ris na caraidean agad fhathast mu na beachdan agad gus a dhèanamh cinnteach nach tèid an tabhartas air adhart mas e nach robh thu airson gun rachadh e.

Tha an lagh ag atharrachadh gus cuideachadh gus barrachd beatha a shàbhaladh agus a leasachadh.

Cò air a bheir an lagh buaidh?

Bidh an t-atharrachadh air an lagh a' bualadh air a' chuid as motha de dh'inbhich a tha a' fuireach ann an Alba.

Cha bhi e a' bualadh air na buidhnean a leanas:

- Clann (fo aois 16).
- Inbhich aig nach eil an comas an lagh ùr a thuigsinn.
- Inbhich a tha air a bhith a' fuireach ann an Alba nas lugha na 12 mhìos mus d' fhuair iad bàs.

Mas e nach eil neach ann am fear de na buidhnean seo air co-dhùnadh mu thabhartas a chlàradh seach gun tèid faighneachd an-còmhnaidh den neach as fhaisge an dàimh a bheil iad ag iarraidh tabhartas ùghdarrachadh.



Dè dh'fheumas mi dhèanamh?

Is e co-dhùnadh pearsanta a tha ann an tabhartas agus tha roghainn agad a bheil thu ag iarraidh tabhartas a dhèanamh gus nach eil.

✓ **Faodaidh tu an co-dhùnadh agad gun tabhartas a dhèanamh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS (faic duilleag 7)**

- Tha seo a' ciallachadh gu bheil thu a' taghadh a-mach à tabhartas nam ball agus a' mhaothrain air fad agad.

✓ **Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad thabhartaiche, faodaidh tu do cho-dhùnadh a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige NHS. (faic duilleag 7)**

- Le bhith a' dhèanamh seo, bidh e nas fhasa don teaghlach no do na caraidean agad cuideachadh gus dhèanamh cinnteach gun tèid do cho-dhùnadh a choileanadh.
- Nam biodh tu deònach cuid de na buill is den mhaothran agad a thoirt seachad, ach gun a bhith deònach cuid eile dhiubh a thoirt, faodaidh tu do roghainnean a dhèanamh soilleir nuair a bhios tu a' clàradh do cho-dhùnaidh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige NHS.
- Bidh clàradh a' cho-dhùnaidh agad a bhith nad thabhartaiche cuideachd a' ciallachadh gu bheil thu ag aontachadh gum faodar cuid de dheuchainn-leigheis is de mhodhan-leigheis a dhèanamh ro do bhàs mar chuid de mhodh-obrach an tabhartais. Bruidhnidh luchd-altraim sònraichte ris an teaghlach agad mus tachair iad seo. Faigh a-mach barrachd mu na tha an lùib nan deuchainn-leigheis is nam modhan-leigheis seo air duilleag 9.


✓ **Faodaidh tu cur romhad gun dad a dhèanamh**

- Mura dèan thu dad fon lagh ùr, bithear a' gabhail ris gu bheil thu ag aontachadh buill is maothran sònraichte a thoirt seachad airson thar-phlanntachadh.
- Thèid na beachdan aig an teaghlach is aig na caraidean agad iarraidh fhathast gus dearbhadh nach tèid tabhartas air adhart nam b' e nach biodh tu air iarraidh.
- Cha bhi an lagh ùr a' bualadh air buidhnean sònraichte dhaoine (mar eisimpleir clann) – faic duilleag 3.
- Mura dèan thu dad, bidh e a' ciallachadh cuideachd gu bheil thu ag aontachadh gum faodar cuid de dheuchainn-leigheis is de mhodhan-leigheis a dhèanamh ro do bhàs mar chuid de mhodh-obrach an tabhartais. Bruidhnidh luchd-altraim sònraichte ris an teaghlach agad mus tachair iad seo. Faigh a-mach barrachd mu na tha an lùib nan deuchainn-leigheis is nam modhan-leigheis seo air duilleag 9.

**Is e co-dhùnadh
pearsanta a tha
ann an tabhartas
agus tha
roghainn agad a
bheil thu ag
iarraidh
tabhartas a
dhèanamh gus
nach eil.**



Ge b' e dè chuireas tu romhad, innis don teaghlach agus do na caraidean agad mun cho-dhùnadh agad mu thabhartas gus cuideachadh gus dearbhadh gun tèid a choileanadh.



Gus an co-dhùnadh agad a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS.

Tha clàradh a' cho-dhùnaidh agad air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS sìmplidh agus chan eil e a' toirt ach beagan mhionaidean. Faodaidh tu cuideachd an co-dhùnadh a bha agad roimhe atharrachadh no a dhearbhadh, no am fiosrachadh mud dheidhinn ùrachadh.

Rach air-loidhne aig www.organdonationscotland.org

Nam b' fheàrr leat fònadh gus an co-dhùnadh agad a chlàradh no ma tha ceist agad mun atharrachadh air an lagh, nach cuir thu fòn gu **0300 303 2094**

Thèid cìs nam fònaichean a ghearradh aig ìrean ionadail an crochadh air an t-solaraiche agad.

Text relay: **18001 0300 1232323**

Chan eil mi ag iarraidh an co-dhùnadh agam a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS. Dè bu chòir dhomh dèanamh?

Is e an dòigh as soilleire gus do cho-dhùnadh a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige NHS. Mura bheil thu ag iarraidh sin a dhèanamh, ge-tà, faodaidh tu dearbhadh ann an sgrìobhadh agus innse don teaghlach agus do na caraidean agad, gus am bi fios aca air do cho-dhùnadh. Na cuir earbsa mas e do thoil e ann an clàradh do cho-dhùnaidh nad thiomnadh. Chan eil tiomnaidhean gan leughadh mar as trice gu an dèidh an ama a bhios tabhartas comasach, mar sin dheth chan eil e coltach gun rachadh do cho-dhùnadh a dhearbhadh ann an àm.

Cha bhi d' ainm air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS gus an clàraich thu co-dhùnadh.

Dè thachras mas e 's gum faodainn a bhith nam thabhartaiche?

Nì dotairean is luchd-altraim nas urrainn dhaibh gus do bheatha a shàbhaladh.

- Tha dotairean is luchd-altraim a' toirt cùram do dh'èuslainteach agus tha rùn aca a h-uile rud a ghabhas a dhèanamh gus beatha neach a shàbhaladh.
- Is ann dìreach nuair a tha iad air deasbad is aontachadh ris an teaghlach agad nach gabh dad sam bith eile dèanamh a thòisicheas deasbad mothachail mu bhith a' tabhairt.

A' sgrùdadh Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS.

- Nì luchd-altraim sònraichte nach eil an sàs na do chuid cùraim sgrùdadh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS a dh'fhaicinn an robh thu air co-dhùnadh mu thabhartas a chlàradh.
- Tha iad an uair sin a' nochdadh an fhiosrachaidh seo ris an teaghlach is na caraidean agad gus am bi fios aca dè a bha thu ag iarraidh agus dearbhadh gum b' e seo am beachd as ùire agad.



Dè na deuchainnean-leigheis a dh'fheumas gabhail àite mus urrainn do thabhartas tachairt?

- Mar chuid de mhodh-obrach nan tabhartasan, faodaidh gun tèid cuid de mhodhan-obrach is de dheuchainnean gnàthach a dhèanamh san aonad dian-chùram goirid ro bhàs. Chan fhaod iad seo tachairt ach a-mhàin ma chuidicheas iad dotairean gus dearbhadh gu bheil an coltas ann gum bi an thar-phlanntachadh sàbhailte is soirbheachail agus a' freagairt air cuideigin air an liosta-fheitheimh airson thar-phlanntachadh.
- Tha na deuchainn-leigheis is modhan-leigheis seo gan dèanamh leis an aon chùram ri làimhseachadh sam bith eile anns an ospadal, agus mar sin chan fhaodar an dèanamh ach mura bheil iad buailteach cron no dragh a chur ort. Gun cuid de na deuchainnean-leigheis is modhan-leigheis seo a bhith gan dèanamh, cha b' urrainn dhan tabhartas dol air adhart.
- Nam measg seo tha:
 - A' gabhail shamplaichean de lionn gus deuchainn a chur orra, leithid an fhuil no am fual.
 - Gathan-X no sganadh os-fhuaimneach a thathar a' dèanamh ri taobh na leapa.
 - Dearnachadh air do chridhe is d' anail.
 - A' toirt cungaidh-leigheis no lionn eile (mar eisimpleir, fuil aig amannan) tro shileadair.
- Bithear a' gabhail ris gu bheil thu deònach gun tèid na deuchainnean-leigheis is modhan-leigheis seo a dhèanamh nas lugha na tha thu air cur romhad gun tabhartas a dhèanamh. Bruidhnidh luchd-altraim sònraichte ris an teaghlach is ris na caraidean agad, ge-tà, gus a dhearbhadh nach biodh tu air a bhith an aghaidh seo tachairt.
- Aig uaireannan gu math ainneamh, faodaidh gum feumar deuchainnean-leigheis is modhan-leigheis a bhriseas a-steach barrachd a dhèanamh, ach dìreach mura toireadh na deuchainnean gnàthach air an ainmeachadh gu h-àrd fiosrachadh gu leòr gus thar-phlanntachadh sàbhailte is soirbheachail a dhèanamh. Dh'fhaodte gun gabhadh na deuchainnean no modhan eile seo a-steach biopsy beag air do chraiceann, sganadh ga dhèanamh air falbh bho thaobh na leapa, a' cleachdadh innleachd gus deuchainn a chur air do sgamhanan is slighean-àile air an taobh a-staigh, no a' cleachdadh biorag gus sampall beag a thoirt bho thaobh a-staigh na bodhaige. **Cha bhithear a' gabhail ris, ge-tà, gu bheil thu ag aontachadh ris na modhan seo, rud a tha a' ciallachadh nach tèid iad air adhart ach le aonta bhon teaghlach agad.**

Airson barrachd fiosrachaidh air siostam taghaidh a-mach mu thabhartas bhall-bodhaige is mhaothran, rach gu www.organdonationscotland.org

An tèid an creideamh agam a chur san àireamh mus tèid tabhartas air adhart?

Thèid, faodaidh tu clàradh gu bheil an creideamh agad cudromach air Clàr Tabhartaidhean Bhall-bodhaige na NHS, agus thèid seo a mheas mar chuid den deasbad mu thabhartas leis an teaghlach agad.

Thèid ceist a chur orra mu na beachdan agad gus dearbhadh nach rachadh tabhartas nam b' e nach robh e mar a bha thu ga iarraidh, agus gus dearbhadh nach tèid e air adhart ach a rèir a' chreideimh agad.

Faodar sealltainn air barrachd fiosrachaidh air creideamh agus tabhartas bhall-bodhaige is mhaothran aig:

www.organdonationscotland.org/faith-and-beliefs

Tha e glè chudromach gun tabhair daoine bho dhiofar shuidheachaidhean buill-bhodhaige is maothranan, oir tha ìre fada nas fheàrr de shoirbheachadh ann nuair a gheibh cuideigin thar-phlanntachadh bho thabhartaiche a bhuineas ris an aon chinneadh. Mar eisimpleir, tha daoine dubha is daoine Àisianach nas buailtiche a bhith feumach air thar-phlanntachadh dubhain seach daoine geala, mar sin tha feum nas motha fhathast air barrachd thabhartaichean dubha is Àisianach.

Faodaidh tu clàradh a bheil do chreideamh cudromach air Clàr Tabhartaidhean Bhall-bodhaige na NHS



Tha an lagh ag atharrachadh... ach tha roghainn agad fhathast

Bho 26 Màrt 2021, tha an lagh mu thabhartas bhall-bodhaige is mhaothran ann an Alba ag atharrachadh. Tha e a' ciallachadh gum bi thu air do mheas a bhith air aontachadh a bhith nad thabhartaiche nuair a dh'eugas tu, nas lugha na tha thu air cur romhad taghadh a-mach.

Airson barrachd fiosrachaidh mu thabhartas bhall-bodhaige is mhaothran, tadhail air: www.organdonationscotland.org

Clàraich an co-dhùnadh agad mu thabhartas air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS

Air-loidhne: www.organdonationscotland.org/your-decision/how-register

Fòn: Nam b' fheàrr leat fònadh gus an co-dhùnadh agad a chlàradh no ma tha ceist agad mun atharrachadh air an lagh, nach cuir thu fòn dhan loidhne-chuideachaidh gus bruidhinn ri neach-comhairleachaidh ullaichte air **0300 303 2094**.

Thèid cìs nam fònaichean a ghearradh aig ìrean ionadail an crochadh air an t-solaraidhe agad.

Text relay: **18001 0300 1232323**

Text chat: **07860 034343**

Tha a' bhileag seo ri faotainn ann an riochdan eile agus ann an iomadh cànan.

Dèan sganadh air còd QR gu h-ìseal no tadhail air www.organdonationscotland.org/resources

